

Tha na creagan copan-
is-cearcaill ann an Ach
nam Breac am measg
an fheadhainn is fheàrr
ann an Alba.

A RANNSACHADH CREAG COPAN-CEARCAILL ACH NAM BREAC

Fiosrachadh don Luchd-Teagaisg





Ealain-creige Ach nam Breac

Ma choimheadas tu sìos air do chasan 's tu a' coiseachd sgìrean àraid ann an Alba, is dòcha gun tìg thu thairis air leacan is ulpagan a chaidh a shnaigheadh nan còsan ('copain') agus pàtranan cruinn ('cearcallan'). Tha còrr is 100 eisimpleir den "ealain-creige" seo taobh a-staigh radius sia mìle de **Chill Mhàrtainn** ann an Earra-Ghaidheal. Chan eil fhios againnle cinnt cò a shnaigh na clachan, neo cùin a chaidh an dèanamh, oir chaidh na pàtranan ceudnaa chur gu feum thairis air tòrr linn. 'S dòcha gur ann mu 4,000 RC a rinneadh an obair-shnaighteis aosta, 's bhathar ris an aon deilbh gu ruige is dòcha 1,500 RC. Is dòcha gun deach iad a dhèanamh air an aon chreig le diofar dhaoine, le ceudan de bhliadhnaichean eadarra.

Tha an ealain-creige ann an Ach nam Breac na eisimpleir cho math 's a th' againn ann an Alba de chreagan copan-cearcaill, agus tha an ceum 500m a tha a' dol chuice on ionad-parcaidh na chuideachadh ann a bhith a' cur na creige ann an co-theacs nàdarra, ged a tha dreach na tìre air atharrachadh gu mòr bhon àm a shnaigheadh i.

Fiosrachadh feumail

- Àite: chithear soighne far an A816 taobh a-muigh A' Chùirn Bhàin, 2 mhìle tuath air Ceann Loch Gilp.
- Parcaidh: Ionad-parcaidh mòr ri fhaotainn.
- A-steach: Ceum 500m chun na cloiche suas frith-rathaid tro na coilltean. Faiceall: Tha a' chreag air chùl feansa air sgàth glèidhteachais.
- Cuir an cuimhne nan sgoilearan nach bu chòir dhaibh coiseachd no làmh a chur air na creagan. Tha na puingeagan-deasbaid a leanas air an stèidheachadh air ionad-seallaidh a tha dìreach fon a' chiad leac air an tìg thu.

Mar a chleachdar an goireas seo

Tha an goireas seo air a chur ri chèile gus cuir an comas luchd-teagaisg no phàrantan rannsachadh beag a dhèanamh air Creag Copan-Cearcaill Ach nam Breac. Bidh deasbad sìmplidh a' dìreadh aire nan sgoilearan air na tha iad a' faicinn agus gam misneachadh an fhianais seo a mhìneachadh. Bu chòir an leabhar-treòrachaidh seo a chleachdadh cuide ris an leabhar mhòr dhathte *A' Rannsachadh Charraighean Snaighte*, Alba Aosmhor 2009. Tha seo ri fhaotainn saor 's an asgaidh don luchd-teagaisg o Alba Aosmhor agus gabhaidh fhaighinn cuideachd air làrach-lìn Alba Aosmhor. Tha an leabhran seo a' cur Creagan Ach nam Breac ann an co-theacs nan clachan snaighte eile 's a' moladh tuilleadh rud a nìthear roimh thighinn ann agus na dhèidh.

Fòn **0131 668 8793/8736** no tadhail air www.historic-scotland.gov.uk gus barrachd fhaighinn a-mach.

Gnìomhan a mholar

- Air an làraich, caith ùine a' dèanamh clàraidh de na tha ri fhaicinn. Faodaidh na sgoilearan na creagan agus far an nochd na pàtranan orra a bhreacadh sìos. Faodaidh iad measadh a dhèanamh le teip-tomhais no pìosan sreanga gus a' mheud a chlàradh. Faodaidh iad na pàtranan a tharraing no dealbh a thogail le camara, le is dòcha gach pàiste a' gabhail uallach de phìosan àraid dhiubh.
- An gabh na pàtranan a chur ann am buidheann no ann an òrdagh? Le bhith a' leasachadh an siostam-òrdachaidh aca fhèin, dh'fhaodadh na sgoilearan clàradh a dhèanamh air dè na pàtranan a tha ann, agus ciamheud dhiubh a tha ann (m.e. ciamheud copan singilte a tha ann,

ciamheud sreathan, ciamheud cearcall a tha ann am pàtran mar chuibheas is mar sin air adhart).

- Cò ris a tha e coltach an-seo a-nis? Clàraich dreach na tìre mun cuairt le obair-chamara 's breacadh dhealbhan, a' clàradh freagairtean nan sgoilearan. Dè chì thu ann an-dràsta nach fhaiceadh daoine 5,000 bliadhna air ais? Cuir an cuimhne nan sgoilearan gur as dòcha gum bi an talamh air atharrachadh o na linntean fad-às sin, chan ann a-mhàin ri linn na rinneadh le mac an duine, ach cuideachd ri linn caochlaidhean na sìde.
- Agus tu a' coiseachd air ais, thoir air na sgoilearan smaoinichadh mu dheidhinn mar a chleachdadh na daoine na stuthan nàdarra mun cuairt ort o chionn 5,000 bliadhna.
- San sgoil a-rithist, dh'fhaodadh na sgoilearan an cumadh fhèin de na pàtranan 'a shnaigheadh' ann an leacan crèadha a ghabhadh a theasachadh ann an àth gus taisbeanadh buan a dhèanamh air an raon-cluiche. Dh'fhaodadh na pàtranan a chleachdadh cuideachd mar chulaidh-bhrosnachaidh do dh'obair chlàraidh-neo do dh'obair-ealain eile.
- Air ais san sgoil, dh'fhaodadh na sgoilearan sgrìobhadh smaoinichail a leasachadh a chuireas feum air an obair-shnaighte seo agus mar a bhios iad fhèin a' mìneachadh feumalachd.

Barrachd leughaidh

Foghlam Alba Aosmhor, *A' Rannsachadh Charraighean snaighte*, Alba Aosmhor 2009.

Rachel Butter, *Kilmartin: an introduction and guide to Scotland's richest prehistoric landscape*, Kilmartin House Trust 1999.



Robh fhios agad...

Gheibhear ealain-creige air feadh an t-saoghail. Lorgadh car de na h-aonaphàtranan de chopain, chearcaill agus chruthan snìomhanach 's iad snaighte ann an clachan ann an Alba, Sasainn, Èire, a' Bhreatainn Bheag, An Spàin, Lochlann agus An Eadailt!

Cùl-fhiosrachadh

Gabhaidh seo a leughadh a-mach do na sgoilearan an dàrna cuid ron turas neo air an làraich.

- Chaidh a' chreag seo a shnaigheadh mu 5,000 bliadhna air ais le muinntir an àite.
- Tha còrr is 100 chreagan snaighte den t-seòrsa-sa mun cuairt an seo. Aithnichear iad mar 'chreagan copan-cearcaill'.
- Chan fhios le cinnt dè am feum a bha sna creagan snaighte seo. Comharra-crìche is dòcha, àite do dheas-ghnàthan cràbhach, air neo creag a bha a' comharradh àite far an do thachair rudeigin cudromach.
- Bithear a' tighinn air tuilleadh leacan-creige mar seo a h-uile bliadhna. Cò aige a tha fhios dè dh'fhaodadh a bhith na laighe fon fheur no fon chòinnich!



Tha a' chreag a' sealltainn raon farsaing de chomharraidhean snaighte



Puingean-deasbaid



Mion - deilbh de chopain-is-cearcaill

Spreagadh an Neach-Teagaisg

Coimhead air a' chreig. Dè na seòrsaichean eadar-dhealaichte de phàtranan a chì thu?

Ciamhead sreath de chearcaill a chunntas tu às seo?

Bheil iad coltach ri rud sam bith? Dè chuireas iad an cuimhne dhut?

Bheil na pàtranan a' tar-lùbadh air a chèile?

Saoilidh luchd-eachdraidh gun do chuir daoine ris na pàtranan-creige seo thairis air na bliadhnaichean mòra, 's mar sin shnaigheadh cuid ùr os an cionn.

Carson a chleachd an luchd-snaighidh a' chreag seo, na do bheachd?

Am faic thu àiteachan a chleachd, no a sheachain, an luchd-snaighidh feartan nàdarra sna creagan mar phàirt de na pàtranan aca?

Bheil a' chreig fliuch an-diugh? Ma tha, dè a' bhuaidh a bheir seo air na pàtranan?

Saoilidh cuid gun deach na pàtranan a chur air dòigh a dh'aona ghnòthach ri taobh uisge airson 's gum biodh iad drithleannach 's iad fliuch.

Coisich mun chreig. Am faic thu pàtranan sam bith eile?

Bheil iad coltach no diofraichte ris na ciad phàtranan?

Coimhead timcheall ort. Am faigh thu deagh shealladh às seo? Dè chì thu? An dùil am biodh an t-àite seo cudromach do na daoine a bha ann?

Chan eil obair-shnaighte sam bith on àm seo ann an Alba a sheallas daoine, ainmhidhean no rudan eile a dh'aithnicheas sinn. Saoil carson nach snaigheadh na rudan seo?

Freagairtean nan sgoilearan

- 'copain' - còsan beagan snaighte sa chreig.
- sreathan de chopain
- 'cearcaill' - cearcaill snaighte, le cearcaill taobh a-staigh chearcaill
- loidhnichean a' ceangail sreathan de dh'obair-shnaighte
- loidhnichean a' dol tarsainn sreathan de chearcaill

25+ (a rèir seallaidh).

Freagairtean nan sgoilearan fhèin - cuartagan san uisge 's mar sin.

Tha, ann an cuid a dh'àiteachan.

Chrochadh sin air carson a bha iad ris an obair sa chiad àite - ach o thaobh sealladh practaigeach, is creag mhòr i, furasta fhaighinn 's gun a bhith ro chas.

Mar is trice 's ann eadar na sgàinean sa chreig a bhios na cearcaill.

Bldh uisge a' ruith tro na pàtranan, a' toirt lainnir orra.

Chithear pàtranan coltach ri seo ann an àiteachan eile.

Deagh shealladh. 'S dòcha gun robh e math a thaobh dìon, neo dìreach airson cothrom coimhead a-mach. Tha fhios gun robh e cudromach 's an obair-shnaighte ann.

Smaointean nan sgoilearan fhèin. 'S dòcha nach robh feum air rudan aithnichte a shnaigheadh.



Spreagadh an Neach-Teagaisg

An dùil dè feum a chuireadh air obair-shnaighte?

Freagairtean nan sgoilearan

Smaointean nan sgoilearan fhèin. Am measg iomadh moladh tha:

- Comharraidhean àite cruinneachaidh.
- Deagh àiteachan feuraich no ionaltraidh do chrodh.
- Comharraidhean-crìche.
- Mapanna.
- Làraichean do dheas-ghnàthan cràbhach.
- Comharra àite far an do thachair rudeigin cudromach - 's dòcha bàs, neo sealladh seilge.
- Fianais air cànan sgrìobhte.
- Maiseachd a-mhàin.
- Chan eil na pàtranach cudromach - is dòcha gun robh an luchd-snaighidh a' toirt cloiche pròinnteach às gu gnothach eile.

